

## **Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 14mh dhen Ghearran 2021**

### **Ùrnaigh aig 7f**

Ann an Soisgeul Mharcuis, bha deisciobail Ìosa a' siubhal còmhla ris nuair a chunnaic iad rudeigin nach do thuig iad. Thug Ìosa Peadar is Seumas is Eòin leis agus threòraich e iad suas beinn àrd, agus chaidh a chruth-atharrachadh mun coinneamh, ann an companachd Eliah agus Mhaois. Dè rinn na deisciobail? Dh'fheuch Peadar, mar bu gnàthach leis, rudeigin a dhèanamh, ach ann an da-rìreadh "cha robh fios aige dè chanadh e, oir bha iad fo dhearg-eagal." (Marcus 2: 2 - 9).

Am measg nan rudan uile mur coinneamh anns na làithean seo, tha iomadh rud ann ris nach eil sinn. mar cho-chomann, idir cleachdte. Fhad 's a leanas an glasadh-sluaigh, bidh sinn ag ionnsachadh iomadh rud mun cho-chomann againn, far a bheil e làidir agus far a bheil e lag. Agus tha sinn a' tuigsinn nach bi an àm ri teachd coltach ris an àm a dh'fhalbh.

Fhad 's a bha na deisciobail a' feuchainn ri thuigsinn na bha iad a' faicinn, dh'fhairich iad làthaireachd Dhè agus chuala iad na faclan: "Is e seo mo mhac gràdhaichte; èistibh ris-san!" Agus sa bhad, "nuair a choimhead iad mun cuairt, chan fhaca iad neach sam bith còmhla riutha ach Ìosa a-mhàin." Tha fios againn gu bheil an t-Aon a dh'atharraicheas gach rud le gealladh teachd Rìoghachd Dhè maille rinn an còmhnaidh.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè bheò,  
Labhair rinn an-diugh  
agus deònaich gun aithnich sinn do làthaireachd.  
Labhair rinn na faclan a dhearbhas dhuinn do ghealladh  
gus am bi fios againn gu bheil sinn gràdhaichte leat.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Labhair rinn an-diugh  
edhan ann gleann dorcha sgàil a' bhàis.  
Labhair rinn anns na làithean mì-chinnteach seo  
gus am bi fios againn gur ann leat-sa a tha an t-àm ri teachd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Labhair rinn an-diugh  
agus deònaich dhuinn dòchas airson na làithean ri teachd.  
Labhair rinn le comhfhurtachd agus slànachadh nad fhaclan,  
agus le truas dhan fheadhainn a tha fo bhròn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Labhair rinn an-diugh  
agus an labhair sinn d' fhacal dar coimhearsnaich.  
Labhair rinn gus an cuir sinn ar dòchas agus ar n-earbsa annad-sa anns na  
làithean a tha romhainn,  
agus deònaich dhuinn do ghràs an-diugh agus a-màireach.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè bheò,  
Labhair rinn an-diugh  
gus an cluinn sinn a-rithist do ghuth.  
Labhair rinn air beanntan as àirde  
agus ann an glinn as ìsle na beatha.  
Deònaich gum faigh sinn eòlas air do mhac gràdhaichte, aig a bheil làn-eòlas  
oirnne.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

## Soidhnichte

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Dòmhnall G. Dòmhnallach, Moderàtor, an Eaglais Shaor
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

- An t-Urramach Pòl Whittle, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)